



Nàiseanta 5  
Sònrachadh Cùrsa



# Eòlas Creideimh, Moraltachd is Feallsanachd

## Nàiseanta 5

## Sònrachadh Cùrsa

<b>Còd a' Chùrsa:</b>	C865 75
<b>Còd measaidh a' chùrsa:</b>	X865 75
<b>SCQF:</b>	Ìre 5 (24 puingeann creideis SCQF)
<b>Dligheach bho:</b>	An seisean 2025–26

Thathar a' toirt fiosrachadh mionaideach seachad ann an sònrachadh a' chùrsa mun chùrsa agus mu mheasaidhean a' chùrsa gus dèanamh cinnteach gun tèid measadh a dhèanamh ann an dòigh chunbhalach is shoilleir gach bliadhna. Thathar a' toirt cunntas air structar a' chùrsa is structair measaidhean a' chùrsa a thaobh nan sgilean, an eòlais agus na tuigse a bhithear a' measadh.

'S ann do thidsearan is òraidichean a tha an sgrìobhainn seo sam faighear am fiosrachadh riatanach a tha a dhìth oirbh gus an cùrsa a theagasg.

An deasachadh seo: An Cèitean 2026, dreach 4.1

© Ùghdarras Theisteanas na h-Alba 2026

# Clàr-innse

<b>Geàrr-iomradh air a' chùrsa</b>	<b>1</b>
Feallsanachd a' chùrsa	2
Adhbhar is amasan	2
Cò dha a tha an cùrsa seo?	3
<b>Susbaint a' chùrsa</b>	<b>4</b>
Sgilean, eòlas is tuigse	5
Sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha agus sgilean obrach	12
<b>Measaidhean a' chùrsa</b>	<b>13</b>
Structar measaidh a' chùrsa: pàipear cheistean	13
Structar measaidh a' chùrsa: obair shònraichte	15
Bannan	19
<b>Co-ionannachd is in-ghabhail</b>	<b>20</b>
<b>Tuilleadh fiosrachaidh</b>	<b>21</b>
<b>Eàrr-ràdh 1: notaichean taice a' chùrsa</b>	<b>22</b>
Ro-ràdh	22
A' togail sgilean, eòlas agus tuigse	22
Dòighean ionnsachaidh is teagaisg	22
Ag ullachadh airson measaidhean a' chùrsa	23
A' togail sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha agus sgilean obrach	24
<b>Eàrr-ràdh 2: a' teagasg nan sgilean</b>	<b>27</b>
Cainnt sgilean	32
A' cruthachadh cheistean	40
<b>Eàrr-ràdh 3: clàran-sgrùdaidh sgilean</b>	<b>42</b>
<b>Eàrr-ràdh 4: goireasan a thathar a' moladh</b>	<b>84</b>

# Geàrr-iomradh air a' chùrsa

Leis a' chùrsa seo gheibhear 24 puingeann creideis SCQF agus tha ùine gus ullachadh airson measaidhean a' chùrsa mar phàirt dheth. Thathar a' tomhas gun toir e mu 160 uair a thìde sa chumantas do dh'oileanach crìoch a chur air a' chùrsa.

Tha dà cho-phàirt an lùib measadh a' chùrsa.

Co-phàirt	Comharran	Ùine
Co-phàirt 1: pàipear cheistean	80	2 uair a thìde is 40 mionaid
Co-phàirt 2: obair shònraichte	20	Faicibh an earrainn mu mheasaidhean a' chùrsa

Na thathar a' moladh a thaobh clàradh	Adhartas
<p>Tha e an urra ris an ionad fhèin co-dhùnadh a dhèanamh a thaobh cò thèid a chlàradh airson a' chùrsa seo.</p> <p>Bu chòir do luchd-ionnsachaidh an ceathramh ìre dhen churraicealam a choileanadh no an cùrsa Eòlas Creideimh, Moraltachd is Feallsanachd aig ìre Nàiseanta 4 a dhèanamh no teisteanas agus/no eòlas ionann ri sin a chosnadh mus tòisich iad air a' chùrsa seo.</p>	<ul style="list-style-type: none"><li>◆ An Cùrsa Eòlas Creideimh, Moraltachd is Feallsanachd aig Àrd-ìre</li><li>◆ barrachd chothroman ionnsachaidh, cosnaidh no trèanaidh</li></ul>

## Riathanasan-coileanaidh na duaise

Bidh am bann a gheibhear stèidhichte air an àireimh iomlain de chomharran a fhuaras ann am measaidhean a' chùrsa.

## Feallsanachd a' chùrsa

Bidh Cùrsaichean Nàiseanta a' togail air na luachan, adhbharan is prionnsapalan a gheibhear sa Churraicealam airson Sàr-mhathais. Tha iad a' toirt cothrom do dhaoine air sùbailteachd agus barrachd ùine airson ionnsachadh, tha iad a' cur barrachd cuideim air sgilean agus mar a chuireas oileanaich na dh'ionnsaicheas iad gu feum, agus tha cothroman ann leotha airson roghainnean agus a bhith a' freagairt air feumalachdan gach oileanaich fa leth.

Tha a h-uile cùrsa a' toirt cothroman do luchd-ionnsachaidh gus adhartas a dhèanamh a thaobh farsaingeachd, dùbhlachd agus cleachdadh (a' cur na dh'ionnsaicheas iad gu feum). Bidh na nithean air a bheilear a' cur cuideam sna measaidhean agus an uiread mheasaidhean a gheibhear a rèir a' chuspair air a bheilear a' coimhead.

Tha an cùrsa Eòlas Creideimh, Moraltachd is Feallsanachd aig ìre Nàiseanta 5 a' cuideachadh luchd-ionnsachaidh le bhith a' faighinn tuigse air a' chomann-shòisealta sa bheil iad a' fuireach is ag obair tro bhith ag ionnsachadh mu, agus bho, chreideasan creideimh, seallaidhean neo-chreideimh agus eòlas pearsanta.

Anns a' chùrsa seo thathar a' brosnachadh luchd-ionnsachaidh gu bhith a' togail luachan is chreideasan agus gu bhith ag ionnsachadh mar a chuireas iad iad sin an cèill. Tha e gan cuideachadh le bhith a' toirt spèis do dhaoine eile agus le bhith a' faighinn tuigse air creideasan agus cleachdaidhean a tha eadar-dhealaichte bhon fheadhainn aca fhèin. Bidh iad a' cur ris an tuigse aca air creideasan, luachan agus dòighean-giùlain dhaoine; agus a' dèanamh sgrùdadh air mar a dh'fhaodas creideamh, moralta agus feallsanachd daoine a chuideachadh le bhith a' lorg brìgh is adhbhar nam beatha.

Bidh cothroman aig oileanaich gus sgilean a thogail a thaobh litearrachd, ionnsachadh pearsanta agus smaoineachadh agus gus a bhith a' fàs nas mothachail air na tha lùib saoranachd chunntachail.

## Adhbhar is amasan

Leis a' chùrsa seo, bidh oileanaich a' cur ris an eòlas is an tuigse a th' aca air cùisean creideimh, moralta agus feallsanachdail a bhios a' toirt buaidh air an t-saoghal. Bithear a' beachdachadh air na ceistean a dh'èireas an lùib nan cùisean sin agus air na fuasglaidhean, freagairtean no dòighean-beatha is dòighean-smaoineachaidh a thathar a' moladh an lùib nan cùisean sin. Tha an cùrsa a' gabhail a-steach sheallaidhean creideimh agus neo-chreideimh. Bidh cothroman aig luchd-ionnsachaidh meòrachadh orra sin agus air an eòlas is na beachdan aca fhèin.

Bidh aig oileanaich ri ionnsachadh mu chreideamh cruinneil, cùisean is ceistean moralta an latha an-diugh agus air na thathar a' dèanamh gus dèiligeadh riutha, agus ionnsachadh mu phrìomh chùisean co-cheangailte ri fuasglaidhean is freagairtean do cheistean creideimh is feallsanachd.

Bidh oileanaich a' togail diofar sgilean aig ìre neo-thoinnte, leithid a bhith comasach air na nithean a leanas a dhèanamh:

- ◆ a' toirt cunntas neo-mhearachdach seachad air fiosrachadh firinneach co-cheangailte ri cùisean a tha a' buntainn ri creideamh, moraltachd agus feallsanachd
- ◆ a' dearbhadh gu bheil tuigse aca air diofar nithean co-cheangailte ri creideamh, moraltachd agus feallsanachd
- ◆ a' dèanamh mion-sgrùdadh air creideasan is cleachdaidhean co-cheangailte ri creideamhan an t-saoghail, cùisean moralta agus ceistean feallsanachdail
- ◆ a' dèanamh measadh air creideasan is cleachdaidhean co-cheangailte ri creideamhan an t-saoghail, cùisean moralta agus ceistean feallsanachdail

## **Cò dha a tha an cùrsa seo?**

Tha an cùrsa seo freagarrach airson tòrr dhiofar luchd-ionnsachaidh, leithid luchd-ionnsachaidh a tha airson: tuigse nas fheàrr fhaighinn air creideamh agus air an àite a th' aig creideamh sa chomann-shòisealta; barrachd ionnsachadh mu nòsan, creideasan is luachan; a dhol an sàs ann an ionnsachadh nas spèisealta, foghlam adhartach, trèanadh no obair às dèidh dhaibh an cùrsa seo a dhèanamh.

# Susbaint a' chùrsa

Sa chùrsa seo bidh luchd-ionnsachaidh a' togail diofar sgilean breithneachaidh (no cognatach). Thathar gam brosnachadh gu bhith ri ionnsachadh gnìomhach fhad 's a tha iad a' rannsachadh cùisean creideimh, moralta is feallsanachdail. Bidh oileanaich ag ionnsachadh mar a chuireas iad beachdan an cèill agus bidh cothroman aca airson meòrachadh pearsanta.

Bidh oileanaich a' togail diofar sgilean cudromach is sgilean a ghabhas cleachdadh ann an suidheachaidhean eile leithid: a' clàradh fiosrachadh gu neo-mhearachdach, a' rannsachadh ghoireasan, a' dèanamh mion-sgrùdadh is measadh air creideasan is luachan, agus a' cur beachdan pearsanta an cèill, às dèidh dhaibh reusanachadh a dhèanamh air cùisean, ann an diofar cho-theacsaichean.

Bithear ag obair air trì raointean-sgrùdaidh ann an Eòlas Creideimh, Moraltachd is Feallsanachd aig ìre Nàiseanta 5. Anns gach raon-sgrùdaidh, bidh oileanaich a' coimhead air aon de na sia prìomh chreideamhan a gheibhear san t-saoghal (Budachd, Crìosdaidheachd, Hindeachd, Islam, Iùdhachd no Siogachd). Tha sùbailteachd ann a thaobh nan diofar cho-theacsaichean ionnsachaidh a dh'fhaodadh a bhith ann gus am bi cothroman ann airson roghainnean agus a bhith a' freagairt air feumalachdan gach oileanaich fa leth. Bidh cothroman anns gach raon do dh'oileanaich a bhith a' cur cuideam sònraichte air cuid a sgilean san ionnsachadh aca.

'S iad na raointean-sgrùdaidh:

## **Creideamh Cruinneil**

Bidh oileanaich a' dèanamh sgrùdadh air creideamh agus air a' bhuaidh a th' aige, cho cudromach 's a tha e agus cho buntainneach 's a tha e tro bhith a' coimhead air prìomh chreideasan is cleachdaidhean a gheibhear an lùib fear de na prìomh chreideamhan a gheibhear san t-saoghal, agus air a' bhuaidh a th' aca air beatha luchd-leanmhainn a' chreideimh.

## **Moraltachd is Creideasan**

Bidh oileanaich a' dèanamh sgrùdadh air cùisean moralta agus na tha air cùl nan cùisean sin, a' bhuaidh a th' aca agus air mar a bhith a' dèiligeadh riutha tro bhith a' coimhead air prìomh chùis mhoralta agus na dòighean sam bithear a' dèiligeadh ris a' chùis sin.

## **Ceistean Creideimh is Feallsanachdail**

Bidh oileanaich a' dèanamh sgrùdadh air cùisean a bhios ag èirigh an lùib cheistean creideimh is feallsanachdail, a' bhuaidh a th' aca agus na dòighean sam bithear a' dèiligeadh riutha tro bhith a' coimhead air aon cheist agus na fuasglaidhean is freagairtean dhan cheist sin.

# Sgilean, eòlas is tuigse

## Sgilean, eòlas is tuigse airson a' chùrsa

Chithear gu h-ìosal cunntas farsaing air na sgilean, eòlas is tuigse, co-cheangailte ris a' chuspair, a thogas luchd-ionnsachaidh sa chùrsa seo, aig ìre neo-thoinnte:

- ◆ eòlas is tuigse air a' bhuidhe a th' aig creideamh agus air cho buntainneach is cho cudromach 's a tha e tro bhith a' dèanamh sgrùdadh air cuid de na creideasan is cleachdaidhean a gheibhear an lùib fear de na sia prìomh chreideamhan a gheibhear san t-saoghal (Budachd, Crìosdaidheachd, Hindeachd, Islam, Iùdhachd no Siogachd) agus air a' bhuidhe a th' aca air beatha luchd-leanmhainn a' chreideimh
- ◆ eòlas is tuigse air cùisean moralta agus air mar a dhèiligear riutha
- ◆ eòlas is tuigse air cùisean creideimh is feallsanachdail agus air mar a dhèiligear riutha
- ◆ a' dèanamh mion-sgrùdadh is measadh air cùisean creideimh, moralta agus feallsanachdail agus air mar a dhèiligear riutha
- ◆ a' cur bheachdan an cèill mu chùisean creideimh, moralta agus feallsanachdail agus mu mar a dhèiligear riutha
- ◆ a' rannsachadh stòran gus mion-sgrùdadh is measadh a thoirt seachad air cuid a sheallaidhean air cùis chreideimh, mhoralta no fheallsanachdail

## Sgilean, eòlas is tuigse airson measaidhean a' chùrsa

Chithear fiosrachadh gu h-ìosal mu sgilean, eòlas is tuigse a bhios air am measadh an lùib measaidhean a' chùrsa.

### Co-phàirt 1: pàipear cheistean

Tha trì earrainnean sa pàipear cheistean. Feumaidh oileanaich freagairt a thoirt seachad airson aon phàirt anns gach earrainn.

### Earrainn 1: Creideamh Cruinneil

Anns gach creideamh cruinneil, tha na creideasan, cleachdaidhean is stòran dlùth cheangailte ri chèile agus eadar-cheangailte. Chan fheum oileanaich eòlas a chur air stòran sònraichte airson gach creideas is cleachdadh creideimh. Ge-tà, bu chòir gun urrainn dhaibh eisimpleirean de stòran, a tha a' buntainn ri creideasan is cleachdaidhean, a chleachdadh, mar as iomchaidh.

Bu chòir gun urrainn dhan a h-uile oileanach na leanas a dhèanamh:

- ◆ a' dearbhadh gu bheil eòlas is tuigse aca air creideasan is cleachdaidhean creideimh
- ◆ a' dèanamh mion-sgrùdadh air creideasan is cleachdaidhean
- ◆ a' dèanamh measadh air a' bhuidhe a th' aig creideasan is cleachdaidhean creideimh agus air cho buntainneach is cho cudromach 's a tha iad

Bidh oileanaich a' dèanamh sgrùdadh air **aon** de na pàirtean a leanas (pàirtean A gu F):

### **Pàirt A: Budachd**

- ◆ Tri Comharran Bith
- ◆ Ceithir Fìrinnean Uasal
- ◆ Tri Puinnseanan
- ◆ Creideas an mu Bhuda
- ◆ Tri Seudan
- ◆ Kamma
- ◆ Samsara
- ◆ Nibbana
- ◆ Beatha a rèir na Slighe Ochd-fillte
- ◆ Còig Reachdan
- ◆ Dlùth-mheòrachadh is puja

### **Pàirt B: Crìosdaidheachd**

- ◆ Nàdar Dhè
- ◆ Daoine air an cruthachadh a rèir coltas Dhè
- ◆ Saor-thoil
- ◆ Peacadh
- ◆ Ìosa, Dia air a dhèanamh na fheòil
- ◆ Bàs is aiseirigh Ìosa
- ◆ Breitheanas
- ◆ Nèamh agus Ifrinn
- ◆ A' leantainn teagasg is eisimpleir Ìosa
- ◆ Adhradh

### **Pàirt C: Hindeachd**

- ◆ Nàdar Dhè
- ◆ Atman
- ◆ Avidya
- ◆ Krishna mar abhatàr de Vishnu
- ◆ Sgeulachdan mu Krishna
- ◆ Krishna agus Arjuna
- ◆ Karma
- ◆ Samsara
- ◆ Moksha
- ◆ Dharma
- ◆ Tri Margathan
- ◆ Adhradh

### **Pàirt D: Islam**

- ◆ Nàdar Dhè
- ◆ Khaliphas (stiùbhardachd)
- ◆ Saor-thoil
- ◆ Peacadh
- ◆ Seula nam fàidhean
- ◆ Muhammed mar dheagh eisimpleir do dhaoine
- ◆ Taisbeanadh an Qur'an
- ◆ Breitheanas
- ◆ Al-Jannah agus Jahannam
- ◆ Na Còig Carraighean
- ◆ Beatha a rèir an Qur'an
- ◆ Adhradh

### **Pàirt E: Iùdhachd**

- ◆ Nàdar Dhè
- ◆ Nàdar dùbailte dhaoine
- ◆ Saor-thoil
- ◆ Peacadh
- ◆ An t-Ecsodus
- ◆ An Co-cheangal
- ◆ Breitheanas
- ◆ Mesias
- ◆ Olam Ha-Ba
- ◆ Beatha a rèir an Torah
- ◆ Adhradh

### **Pàirt F: Siogachd**

- ◆ Nàdar Dhè
- ◆ Atma
- ◆ Maya
- ◆ Haumai
- ◆ Na Còig Uilc
- ◆ A' leantainn teagasg nan Guruthan
- ◆ Guru Granth Sahib
- ◆ Jivan Muhkti
- ◆ Karma
- ◆ Saor-thoil
- ◆ Sewa agus Simran
- ◆ Khalsa
- ◆ Adhradh

## **Earrainn 2: Moraltachd is Creideasan**

Feumaidh oileanaich sgrùdadh a dhèanamh air aon de na pàirtean a leanas (A gu E). Bu chòir freagairtean a bhith a' tarraing air **seallaidhean is dòighean-smaoineachaidh creideimh agus neo-chreideimh**.

Anns gach pàirt, bu chòir gun urrainn do dh'oileanaich na leanas a dhèanamh aig ìre neo-thoinnte:

- ◆ a' cur an cèill eòlas is tuigse, stèidhichte air fiosrachadh firinneach, air cùisean moralta
- ◆ a' cur an cèill eòlas is tuigse, stèidhichte air fiosrachadh firinneach, air **sealladh creideimh agus sealladh neo-chreideimh** air cùisean moralta
- ◆ a' dèanamh mion-sgrùdadh air diofar chùisean moralta
- ◆ a' dèanamh measadh air **dòigh chreideimh agus dòigh neo-chreideimh** gus dèiligeadh ri no fuasgladh fhaighinn air cùisean moralta
- ◆ a' cur an cèill sealladh, stèidhichte air reusanachadh, air cùisean moralta

Bidh oileanaich a' dèanamh sgrùdadh air **aon** de na pàirtean a leanas:

### **Pàirt A: Moraltachd is Ceartas**

- ◆ na h-adhbharan airson peanasachadh: ath-dhioladh, bacadh, ath-leasachadh, dìon
- ◆ na tha ag adhbhrachadh eucoir: bochdainn, àrainneachd, adhbharan saidhceòlach
- ◆ mar a bhios an RA a' dèiligeadh ri eucoir: binnean-prìosain, binnean eile seach am prìosan, a' cur stad air eucoir
- ◆ peanas-bàis agus taraifean airson bhinnean-beatha: truacantas, còraichean daonna

### **Pàirt B: Moraltachd agus Dàimhean**

- ◆ àite is inbhe nan diofar ghnèithean: teaghlach, obraichean, creideamh
- ◆ dàimhean feiseil: adhbhar na feise, cead airson feise, an aon ghnè
- ◆ pòsadh: pòsadh rèitichte, companas co-chòmhnaidh, pòsadh aon-ghnèitheach, sgaradh-pòsaidh
- ◆ co-ionannachd is a' gabhail brath: creideamh, na meadhanan

### **Pàirt C: Moraltachd, An Àrainneachd agus Cùisean Cruinneil**

- ◆ rian air stòrasan: adhbharan, stòrasan nàdarra, eaconamaidh na cruinne
- ◆ èiginn na h-àrainneachd: blàthachadh na cruinne, crìonadh stòrasan, bith-iomadachd
- ◆ bochdainn: adhbharan, a' bhuaidh, fuasglaidhean
- ◆ malairt is taic: seòrsaichean taice, seòrsaichean malairt, carthannas

### **Pàirt D: Moraltachd, Leigheas agus a' Bhodhaig**

- ◆ luach na beatha: a' chòir air beatha, a' chòir gus bàs a roghnachadh, naomhachd na beatha, fèin-ùghdarras pearsanta
- ◆ a' cleachdadh thùs-ghineanan: gintinn, rannsachadh, slànachadh
- ◆ cùram aig deireadh beatha dhaoine: cùram faochaidh, ospas

- ◆ euthanasia agus bàs le taic: euthanasia saor-thoileach, euthanasia nach eil saor-thoileach, bàs le taic a gheibhear bho dhaoine fa leth no buidhnean

### **Pàirt E: Moraltachd agus Còmhstri**

- ◆ còmhstri: adhbharan air cùl chogaidhean, seòrsaichean cogaidh, cùmhnantan Geneva, adhbharan-dearbhadh airson cogadh
- ◆ buaidh nan cogaidhean: a' bhuidh air daoine, an àrainneachd, buaidh eaconamach
- ◆ nuadh-armachd: armachd lèirsgrìos, armachd innleachdach, armachd àbhaisteach
- ◆ roghainnean eile seach cogadh: smachd-bhannan, dioplòmasaidh, sìochantas

### **Earrainn 3: Ceistean Creideimh is Feallsanachdail**

Feumaidh oileanaich sgrùdadh a dhèanamh air aon de na pàirtean a leanas (A gu D). **Bu chòir freagairtean a bhith a' tarraing air seallaidhean is dòighean-smaoineachaidh creideimh agus neo-chreideimh.**

Anns gach pàirt, bu chòir gun urrainn do dh'oileanaich na leanas a dhèanamh aig ìre neo-thoinnte:

- ◆ a' cur an cèill eòlas is tuigse, stèidhichte air fiosrachadh firinneach, air ceist chreideimh agus fheallsanachdail
- ◆ a' cur an cèill eòlas is tuigse, stèidhichte air fiosrachadh firinneach, air diofar fhuasglaidhean is freagairtean do cheist chreideimh is fheallsanachdail
- ◆ a' dèanamh mion-sgrùdadh air ceist chreideimh agus fheallsanachdail agus air fhuasglaidhean is freagairtean dhi
- ◆ a' dèanamh measadh air fhuasglaidhean is freagairtean do cheist chreideimh is fheallsanachdail
- ◆ a' cur an cèill sealladh, stèidhichte air reusanachadh, air a' cheist chreideimh agus fheallsanachdail

### **Pàirt A: Tùsan**

- ◆ àite is inbhe a' chruthaidheir
- ◆ tùsan na cruinne-cè
  - am brag mòr
  - a' coimhead air sgeulachdan mun chruthachadh ann dòigh litireil agus neo-litireil
  - sealladh far a bheilear a' beachdachadh air mìneachaidhean creideimh a-mhàin
  - sealladh far a bheilear a' beachdachadh air mìneachaidhean saidheansail a-mhàin
  - sealladh far a bheilear a' beachdachadh air mìneachaidhean creideimh agus saidheansail
- ◆ tùsan beatha
  - mean-fhàs
  - mar a nithear eadar-mhìneachadh air sgeulachdan cruthachaidh
  - a' coimhead air sgeulachdan cruthachaidh ann dòigh litireil agus neo-litireil
  - sealladh far a bheilear a' beachdachadh air mìneachaidhean creideimh a-mhàin
  - sealladh far a bheilear a' beachdachadh air mìneachaidhean saidheansail a-mhàin

- sealladh far a bheilear a' beachdachadh air mìneachaidhean creideimh agus saidheansail

### **Pàirt B: Bith Dhè**

- ◆ nàdar Dhè
- ◆ argamaid chosmeòlasach
  - an argamaid chosmeòlasach aig Aquinas
  - argamaidean na h-aghaidh
  - saidheans agus an argamaid chosmeòlasach
  - seallaidhean a tha a' toirt taic dha na h-argamaidean
  - seallaidhean a tha a' cur an aghaidh nan argamaidean
- ◆ argamaid thele-eòlasach
  - an argamaid thele-eòlasach aig Paley
  - argamaidean na h-aghaidh
  - saidheans agus an argamaid thele-eòlasach
  - seallaidhean a tha a' toirt taic dha na h-argamaidean
  - seallaidhean a tha a' cur an aghaidh nan argamaidean

### **Pàirt C: An Duilgheadas le Fulangas agus Olc**

- ◆ seòrsaichean fulangais is uilc
- ◆ mìneachaidhean air fulangas is olc
  - saor-thoil is uallach
  - cinnteachas
  - adhbharan nàdarra
  - àite is inbhe Dhè
- ◆ duilgheadasan airson chreideasan mu Dhia
  - nàdar Dhè
  - a' cur ceist ann an nàdar Dhè
  - a' cur ceist ann am bith Dhè
  - tèarmainn Dhè

### **Pàirt D: Mìorbhailean**

- ◆ eadar-theachd Dhè
- ◆ laghan stèidhichte nàdair
- ◆ mìorbhailean sgrìobtair
  - mìneachaidhean litireil agus neo-litireil
  - mìorbhailean ann an nàdar
  - mìorbhailean leighis
  - sealladh far a bheilear a' beachdachadh air mìneachaidhean creideimh a-mhàin
  - sealladh far a bheilear a' beachdachadh air mìneachaidhean saidheansail a-mhàin

- sealladh far a bheilear a' beachdachadh air mìneachaidhean creideimh agus saidheansail
- ◆ mìorbhailean nach eil a' nochdadh ann an sgrìobtar
  - mìneachaidhean creideimh agus neo-chreideimh
  - mìorbhailean ann an nàdar
  - mìorbhailean leighis
  - sealladh far a bheilear a' beachdachadh air mìneachaidhean creideimh a-mhàin
  - sealladh far a bheilear a' beachdachadh air mìneachaidhean saidheansail a-mhàin
  - sealladh far a bheilear a' beachdachadh air mìneachaidhean creideimh agus saidheansail

## **Co-phàirt 2: obair shònraichte**

Tha roghainn aig oileanaich coimhead air cùis chreideimh, mhoralta no fheallsanachdail. Tha saorsa aca agus chan fheum iad cumail ris an t-susbaint sa phàipear cheistean.

Tha na sgilean, eòlas is tuigse a tha mar phàirt dhen chùrsa freagarrach airson ìre SCQF a' chùrsa. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh ann am mìneachaidhean nan diofar ìrean SCQF air na feartan is ìrean coileanaidh ris a bheil dùil aig gach ìre SCQF, ([www.scof.org.uk](http://www.scof.org.uk)).

# Sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha agus sgilean obrach

Tha an cùrsa seo a' cuideachadh luchd-ionnsachaidh gus sgilean farsaing, coitcheann a thogail. Tha na sgilean sin stèidhichte air [Frèam Sgilean an SQA: Sgilean Ionnsachaidh, Sgilean Beatha agus Sgilean Obrach](#) agus tha iad a' buntainn ris na prìomh raointean sgilean a leanas:

## **1 Litearrachd**

- 1.1 Leughadh
- 1.2 Sgrìobhadh

## **3 Slàinte is sunnd**

- 3.1 Ionnsachadh pearsanta

## **4 Comasan cosnaidh, iomairt agus saoranachd**

- 4.6 Saoranachd

## **5 Sgilean smaoineachaidh**

- 5.3 Comas cleachdaidh
- 5.4 Mion-sgrùdadh agus measadh

Feumar na sgilean seo fhisge a-steach dhan chùrsa nuair a gheibhear cothroman freagarrach agus aig ìre a tha freagarrach airson ìre a' chùrsa.

Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh mu bhith a' togail sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha agus sgilean obrach an lùib a' chùrsa ann an notaichean taice a' chùrsa.

# Measaidhean a' chùrsa

Tha measaidhean a' chùrsa stèidhichte air an fhiosrachadh a gheibhear san sgrìobhainn seo.

Tha measaidhean a' chùrsa a' coileanadh prìomh adhbharan is amasan a' chùrsa le bhith a' gabhail ealla ris na leanas an lùib nam measaidhean:

- ◆ farsaingeachd — a' tarraing air eòlas is sgilean bho air feadh a' chùrsa
- ◆ dùbhlachd — far a bheil barrachd doimhneachd no leudachadh a dhith a thaobh eòlas agus/no sgilean an luchd-ionnsachaidh
- ◆ cleachdadh — far am feumar eòlas agus/no sgilean a chleachdadh ann an co-theacsaichean practaigeach no teòiridheach mar as iomchaidh

Le sin, 's urrainn do dh'oileanaich na leanas a dhèanamh:

- ◆ a' tarraing air, a' leudachadh air agus a' cleachdadh sgilean, eòlas is tuigse a fhuair iad sa chùrsa, agus bidh sin uile air a mheasadh le pàipear cheistean agus obair shònraichte
- ◆ a' dearbhadh gu bheil farsaingeachd de sgilean, eòlas is tuigse aca agus a' cleachdadh sgilean bho air feadh a' chùrsa, sa phàipear cheistean
- ◆ a' dearbhadh gun do choilean iad slatan-tomhais co-cheangailte ri dùbhlachd is cleachdadh ann an obair shònraichte far a bheil iad a' beachdachadh air cùis chreideimh, mhoralta no fheallsanachdail fhreagarrach

Ann am measaidhean a' chùrsa, 's ionann gu ìre mhòir mar a nithear measadh air sgilean agus mar a nithear measadh air eòlas is tuigse.

## Structar measaidh a' chùrsa: pàipear cheistean

### Pàipear cheistean

### 80 comharra

Leis a' phàipear cheistean, tha cothrom aig oileanaich dearbhadh gun urrainn dhaibh na sgilean a leanas a chleachdadh agus fianais a thoirt seachad air farsaingeachd de dh'eòlas is tuigse bho air feadh a' chùrsa:

- ◆ a' dèanamh mion-sgrùdadh air ceistean creideimh, mhoralta agus feallsanachdail
- ◆ a' cur bheachdan mionaideach an cèill a tha stèidhichte air reusanachadh

Tha 80 comharra ann airson a' phàipear cheistean a-mach às a' 100 a th' ann gu h-iomlan. Mar sin, tha luach 80% sa phàipear cheistean a thaobh chomharran iomlan nam measaidhean cùrsa air fad. Sa phàipear cheistean, thathar a' cur barrachd cuideim air a bhith a' measadh eòlas is tuigse na tha san obair shònraichte, agus tha mu 50% de na comharran gan toirt seachad airson bhith a' toirt fianais seachad air eòlas is tuigse. Tha na comharran eile gan toirt seachad airson fianais air sgilean.

Tha trì earrainnean sa phàipear cheistean agus tha diofar phàirtean anns gach earrainn. Tha co-dhiù 25 comharra ann airson gach pàirt. Tha eadar 4–6 ceistean anns gach pàirt, agus luach eadar 3-8 comharran anns gach ceist.

### **Earrainn 1: Creideamh Cruinneil** (co-dhiù 25 comharran)

Tha sia pàirtean san earrainn seo. Bidh oileanaich a' freagairt cheistean bho aon pàirt.

Pàirt A — Budachd

Pàirt B — Criosdaidheachd

Pàirt C — Hindeachd

Pàirt D — Islam

Pàirt E — Iùdhachd

Pàirt F — Siogachd

Dh'fhaodadh gun iarrar air oileanaich na leanas a dhèanamh, aig ìre neo-thoinnte, a thaobh a' chreideimh air an do rinn iad sgrùdadh:

- ◆ thoir cunntas air, thoir mìneachadh air agus dèan mion-sgrùdadh air diofar thaobhan dhen chreideamh
- ◆ thoir cunntas air, thoir mìneachadh air agus dèan mion-sgrùdadh air an dàimh a tha eadar diofar thaobhan dhen chreideamh
- ◆ thoir seachad beachdan, stèidhichte air reusanachadh, air brìgh diofar thaobhan dhen chreideamh agus air carson a tha iad cudromach
- ◆ dèan measadh air a' bhuidh a th' aig diofar thaobhan dhen chreideamh agus air cho cudromach is buntainneach 's a tha iad

### **Earrainn 2: Moraltachd is Creideas** (co-dhiù 25 comharran)

Tha còig pàirtean san earrainn seo. Bidh oileanaich a' freagairt cheistean bho aon pàirt.

Pàirt A — Moraltachd is Ceartas

Pàirt B — Moraltachd agus Dàimhean

Pàirt C — Moraltachd, An Àrainneachd agus Cùisean Cruinneil

Pàirt D — Moraltachd, Leigheas agus a' Bhodhaig

Pàirt E — Moraltachd agus Còmhstri

Dh'fhaodadh gun iarrar air oileanaich na leanas a dhèanamh, aig ìre neo-thoinnte, a thaobh na cùise moralta air an do rinn iad sgrùdadh:

- ◆ thoir cunntas air, thoir mìneachadh air agus dèan mion-sgrùdadh air diofar thaobhan dhen chùis
- ◆ thoir cunntas air, thoir mìneachadh air agus dèan mion-sgrùdadh air fuasglaidhean is freagairtean creideimh is neo-chreideimh dhan chùis
- ◆ thoir seachad beachdan, stèidhichte air reusanachadh, air fuasglaidhean is freagairtean creideimh is neo-chreideimh dhan chùis

- ◆ dèan measadh air a' chùis agus air fuasglaidhean is freagairtean creideimh is neo-chreideimh dhan chùis

### **Earrainn 3: Ceistean Creideimh is Feallsanachdail** (co-dhiù 25 comharran)

Tha ceithir pàirtean san earrainn seo. Bidh oileanaich a' freagairt cheistean bho aon phàirt.

Pàirt A — Tùsan

Pàirt B — Bith Dhè

Pàirt C — An Duilgheadas le Fulangas agus Olc

Pàirt D — Mìorbhailean

Dh'fhaodadh gun iarrar air oileanaich na leanas a dhèanamh, aig ìre neo-thoinnte, a thaobh na ceiste creideimh is feallsanachdail air an do rinn iad sgrùdadh:

- ◆ thoir cunntas air, thoir mìneachadh air agus dèan mion-sgrùdadh air diofar thaobhan dhen cheist chreideimh is fheallsanachdail
- ◆ thoir cunntas air, thoir mìneachadh air agus dèan mion-sgrùdadh air fuasglaidhean is freagairtean creideimh is neo-chreideimh dhan cheist
- ◆ thoir seachad beachdan, stèidhichte air reusanachadh, air fuasglaidhean is freagairtean creideimh is neo-chreideimh dhan cheist
- ◆ dèan measadh air a' cheist agus air fuasglaidhean is freagairtean creideimh is neo-chreideimh dhi

### **Ag ullachadh, a' toirt seachad agus a' comharrachadh a' phàipeir cheistean**

'S e ann leis an SQA a thèid am pàipear cheistean ullachadh is a chomharrachadh, agus bidh ionadan a' toirt a' phàipeir cheistean seachad fo chumhachan airson deuchainnean nàiseanta a tha air an stèidheachadh leis an SQA. Tha 2 uair a thìde is 40 mionaid aig oileanaich airson am pàipear a dhèanamh.

Tha pàipearan eisimpleir airson chùrsaichean Nàiseanta 5 air am foillseachadh air làrach-lìn an SQA. Gheibhear annta sin eisimpleirean den ìre, structar agus de na riatanasan a gheibhear sna pàipearan cheistean a nì oileanaich. Cuideachd, gheibhear stiùireadh comharrachaidh sna pàipearan eisimpleir.

## **Structar measaidh a' chùrsa: obair shònraichte**

### **Obair shònraichte**

**20 comharra**

Leis obair shònraichte, tha cothrom aig oileanaich fianais a thoirt seachad air na sgilean, eòlas is tuigse a leanas fhad 's a tha iad a' coimhead air ceistean creideimh, moralta agus feallsanachdail:

- ◆ a' comharrachadh cùis chreideimh, mhoralta no fheallsanachdail fhreagarrach gus sgrùdadh a dhèanamh oirre, cùis mu bheil diofar bheachdan aig daoine
- ◆ a' toirt beachd seachad air cho cudromach 's tha a' chùis agus air a' bhuidh a th' aice
- ◆ a' cleachdadh stòran fiosrachaidh

- ◆ a' tarraing air eòlas is tuigse gus mìneachadh is mion-sgrùdadh a dhèanamh air a' chùis agus diofar sheallaidhean, agus feumaidh fear de na seallaidhean sin a bhith na shealladh creideimh, moralta no feallsanachdail
- ◆ a' dèanamh agus a' cur an cèill co-dhùnadh mionaideach, stèidhichte air reusanachadh, mun chùis

Tha 20 comharra ann airson na h-obrach sònraichte a-mach às a' 100 a th' ann gu h-iomlan. Mar sin, tha luach 20% san obair shònraichte a thaobh chomharran iomlan nam measaidhean cùrsa air fad. Tha 50% de chomharran na h-obrach sònraichte airson sgilean.

### **Ag ullachadh, a' toirt seachad agus a' comharrachadh na h-obrach sònraichte**

'S iad na h-ionadan fhèin a bhios ag ullachadh na h-obrach sònraichte a rèir stiùireadh an SQA. Tha an SQA a' toirt seachad mìneachadh air mar a chruthaichear fianais airson a measadh. Tha saorsa aig oileanaich a thaobh a' chuspair/na cùise a roghnaicheas airson a rannsachadh. Bithear a' cur na h-obrach chun an SQA gus an tèid a comharrachadh le neach bhon taobh a-muigh. Bidh an SQA a' cur dearbhachd càileachd an sàs airson na h-obrach comharrachaidh air fad.

### **Riaghailtean is modhan measaidh**

Tha dà ìre ann airson na h-obrach sònraichte:

- ◆ rannsachadh
- ◆ a' toirt fianais seachad

### **Ùine**

Aig an ìre rannsachaidh bidh oileanaich a' roghnachadh cùis, a' cruinneachadh fianais, ri obair eagrachaidh, a' dèanamh measadh air a' chùis agus tha ùine ann gus ullachadh a dhèanamh airson a bhith a' toirt fianais seachad. Bu chòir do dh'oileanaich cùis a roghnachadh a bheir cothrom dhaibh rannsachadh a dhèanamh air diofar sheallaidhean, a' gabhail a-steach sealladh creideimh, moralta no feallsanachdail buntainneach. Feumar cùis a roghnachadh a tha gu follaiseach na cùis chreideimh, mhoralta no fheallsanachdail no na cùis a tha a' buntainn ri barrachd air aon de na raointean sin. Chaidh an ìre seo a dhealbhadh le dùil gum bi e comasach do dh'oileanaich an obair a dhèanamh thairis air 8 uairean a thìde mar as trice.

Aig an ìre airson a bhith a' toirt fianais seachad, sgrìobhaidh an t-oileanach aithisg air a' chùis air an do rinn iad sgrùdadh. Feumaidh iad sin a dhèanamh taobh a-staigh uair a thìde agus a dhèanamh mar aon ghnìomh slàn. Bu chòir do dh'oileanaich an obair gus fianais a thoirt seachad a dhèanamh ron cheann-latha aig an SQA gus an obair shònraichte a chur a-steach.

### **Stiùireadh, rian agus dearbhadh**

Thèid an obair airson na h-ìre rannsachaidh a dhèanamh fo bheagan stiùiridh is rian. Tha sin a' ciallachadh, ged a dh'fhaodas oileanaich pàirt dhen obair a dhèanamh air falbh bhon àite ionnsachaidh is theagaisg, bu chòir do luchd-measaidh pròiseasan a chur an sàs gus sùil a

chumail air adhartas agus dèanamh cinnteach gur e obair an oileanaich fhèin a th' ann agus nach robh meàirle-sgrìobhaidh ann. Mar eisimpleir:

- ◆ coinneamhan adhartais eadar-amail leis na h-oileanaich
- ◆ ceistean
- ◆ clàr obrach/adhartais an oileanaich
- ◆ neach-measaidh a' cumail sùil

Faodaidh oileanaich a bhith ag obair ann am buidheann mar phàirt dhen ìre rannsachaidh. Ge-tà, feumaidh fianais shoilleir a bhith ann gus sealltainn gun do choilean gach oileanach na slatan-tomhais airson fianais.

Nithear an obair, aig an ìre airson a bhith a' toirt fianais seachad, fo dhlùth stiùireadh is rian. Tha sin a' ciallachadh:

- ◆ gum feum oileanaich a bhith a' suidhe ann an àite far am faic an neach-measaidh (no neach eile le dleastanas stiùiridh) iad nuair a tha iad a' dèanamh a' mheasaidh
- ◆ nach fhaod oileanaich bruidhinn ri chèile
- ◆ gum faod oileanaich an Duilleag Ghoireasan airson ECMF a chleachdadh mar thaic, ach gum feum iad sin a chur an cois na h-aithisge aca

### **Goireasan**

Aig an ìre rannsachaidh, chan eil cuingealachaidhean sam bith ann a thaobh nan goireasan a dh'fhaodas oileanaich a chleachdadh.

Aig an ìre airson a bhith a' toirt fianais seachad, chan fhaod oileanaich dad a chleachdadh ach an Duilleag ghoireasan airson ECMF.

### **Cuideachadh reusanta**

Bu chòir do luchd-measaidh stiùireadh reusanta a thoirt seachad air an t-seòrsa chùisean a bheir cothrom do dh'oileanaich gach riathanas airson na h-obrach sònraichte a choileanadh. Faodaidh iad cuideachd stiùireadh a thoirt do dh'oileanaich air cho buailteach 's a bhios e gum faigh iad goireasan is stòran airson na cùise a tha iad am beachd a roghnachadh.

Bu chòir do dh'oileanaich an rannsachadh aca a dhèanamh le cho beag taice 's as urrainnear bhon neach-mheasaidh.

Feumaidh luchd-measaidh na dleastanasan proifeiseanta aca a choileanadh le bhith a' dèanamh cinnteach gur e obair an oileanaich fhèin a th' anns an fhianais a bheir iad seachad.

Feumaidh oileanaich fianais a thoirt seachad air an ceann fhèin gun taic. Ge-tà, faodaidh iad cuideachadh reusanta fhaighinn mus toir iad fianais seachad.

Bithear a' cleachdadh 'cuideachadh reusanta' gus sealltainn gum bu chòir cothromachadh a bhith ann eadar cuideachadh a tha dhìth agus cus cuideachaidh. Ma tha oileanach feumach air barrachd cuideachaidh na tha 'reusanta', 's dòcha nach eil iad deiseil airson

mheasaidhean no dh'fhaodadh gun deach an cur a-steach airson teisteanas aig an ìre cheàrr.

Faodar cuideachadh reusanta a thoirt seachad ann an dòigh choitcheann do chlas no buidheann de dh'oileanaich, me, comhairle air mar a dh'ullaicheas iad plana pròiseict. Cuideachd, faodar cuideachadh reusanta a thoirt do dh'oileanaich fa leth. Nuair a bheirear cuideachadh reusanta do dh'oileanach fa leth a thaobh rudeigin tha an t-oileanach air a dhèanamh no air a dhearbhadh mu thràth, tha cunnart ann gum bi sin mar chuideachadh airson mheasaidhean agus feumaidh luchd-measaidh cuimhneachadh gum faod cuideachadh mar sin a bhith a' dol seachad air an ìre airson cuideachadh reusanta.

Aig an ìre rannsachaidh, faodaidh na rudan a leanas a bhith air am meas mar chuideachadh reusanta:

- ◆ ag innse do dh'oileanaich far am faigh iad an stiùireadh do dh'oileanaich
- ◆ a' toirt soilleireachadh seachad air stiùiridhean/riatanasan airson gnìomh obrach
- ◆ a' toirt comhairle do dh'oileanaich mu bhith a' roghnachadh cùis
- ◆ a' toirt comhairle do dh'oileanaich air stòran fiosrachaidh a dh'fhaodadh a bhith feumail
- ◆ a' cur chothroman tadhail air dòigh gus an urrainn do dh'oileanaich fianais a chruinneachadh
- ◆ sgrùdaidhean adhartais eadar-amail

Nuair a tha oileanaich ag ullachadh airson na h-ìre far am bi iad a' toirt seachad fianais, am measg nan rudan a dh'fhaodadh a bhith air am meas mar chuideachadh reusanta tha: a' toirt comhairle do dh'oileanaich air an t-seòrsa agus an uiread de ghoireasan a dh'fhaodas iad a chleachdadh gus an cuideachadh le bhith a' toirt fianais seachad.

Chan eil na leanas mar phàirt de chuideachadh reusanta aig ìre sam bith:

- ◆ a' toirt cùis do dh'oileanach
- ◆ ag innse do dh'oileanaich gum bu chòir dhaibh goireasan sònraichte a chleachdadh
- ◆ a' toirt seachad eisimpleirean sàr-mhath de fhreagairtean no frèamaichean-sgrìobhaidh airson gnìomh sònraichte (leithid bun-chruth airson pìos sgrìobhaidh, cinn airson pharagrafan no earrainnean)
- ◆ a' toirt mholaidhean is bheachdan mionaideach seachad air dreachdan, a' gabhail a-steach a bhith a' comharrachadh leithid a dhreachdan

### **Duilleag ghoireasan**

'S e as adhbhar dhan Duilleig Ghoireasan airson ECMF taic a thoirt dhan oileanach nuair a bhios iad a' sgrìobhadh na h-aithisge aca. Cha bu chòir dhi a bhith nas fhaide na 200 facal a dh'fhaid. Faodaidh na leanas a bhith oirre:

- ◆ plana airson na h-obrach sònraichte
- ◆ abairtean air an togail bho dhaoine/stòran, earrainnean air an togail bho stòran, diagraman, clàran fiosrachaidh
- ◆ liostaichean le peilearan

Cha bhithear a' dèanamh measadh air an Duilleig Ghoireasan. Ge-tà, feumaidh an t-oileanach a cur a-steach leis an aithisg sgrìobhte aca.

## **Fianais a dh'fheumar a chruinneachadh**

Tha an fianais a leanas a dhìth airson a' mheasaidh seo:

- ◆ Duilleag ghoireasan ECMF: feumaidh an duilleag seo a bhith air aon taobh de phìos pàipeir A4 le suas ri 200 facal oirre aig a' char as fhaide
- ◆ fianais an oileanaich airson na h-obrach sònraichte air a toirt seachad fo dhlùth stiùireadh

Feumaidh tagraichean an cuspair a tha iad a' dèiligeadh ris a shònrachadh. Cha tèid comharran sam bith a bhuileachadh mura deach an cuspair ainmeachadh.

Mura toir oileanach duilleag ghoireasan seachad, bidh iad air am peanasachadh le bhith a' call 4 dhen 20 comharra.

## **Àireamh fhaclan**

Chan eil riaghailtean ann a thaobh cia mheud facal a dh'fhaodas a bhith anns a' phìos obrach sònraichte; ge-ta, chan fhaod barrachd air 200 facal a bhith air an Duilleig Ghoireasan.

## **Bannan**

Bidh am bann a gheibh oileanach stèidhichte air an obair a nì iad airson measaidhean a' chùrsa. Thathar a' toirt seachad bann eadar A-D airson measaidhean a' chùrsa agus sin stèidhichte air a' chomharra iomlan a gheibh oileanach an lùib nam measaidhean uile a nì iad airson a' chùrsa.

### **Mineachadh air bann C**

Gus comharra ann am bann C a chosnadh, mar as trice bidh oileanaich air fianais a thoirt seachad air ìrean-coileanaidh soirbheachail a thaobh nan sgilean, eòlas is tuigse airson a' chùrsa.

### **Mineachadh air bann A**

Gus comharra ann am bann A a chosnadh, mar as trice bidh oileanaich air fianais a thoirt seachad air ìrean-coileanaidh àrda a thaobh nan sgilean, eòlas is tuigse airson a' chùrsa, agus bidh iad air sin a dhèanamh gu cunbhalach.

# Co-ionannachd is in-ghabhail

Chaidh an cùrsa seo a dhealbhadh gus dèanamh cinnteach gu bheil e cho cothromach is so-ruigsinn 's a ghabhas agus, cho fad 's as urrainnear, nach bi cnapan-starra ann a chuireas bacadh air daoine bho bhith ag ionnsachadh no a' dèanamh mheasaidhean.

Airson stiùireadh mu mhodhan-measaidh airson luchd-ionnsachaidh air a bheil ciorram agus/no luchd-ionnsachaidh le feumalachdan taice a bharrachd, cleachdaibh an ceangal seo a bheir sibh gu duilleag-lìn nam modhan-measaidh:

[www.sqa.org.uk/assessmentarrangements](http://www.sqa.org.uk/assessmentarrangements).

# Tuilleadh fiosrachaidh

Gheibhear fiosrachadh feumail sna sgrìobhainnean a leanas.

- ◆ [Ullachaidhean measaidh](#)
- ◆ [A' Togail a' Churraicealaim 3 gu 5](#)
- ◆ [Stiùireadh air riaghailtean agus modhan measaidh airson obair-chùrsa](#)
- ◆ [Stiùireadh air Measadh](#)
- ◆ [Aithisgean Rannsachaidh Fhoghlaim an SQA o chionn ghoirid](#)
- ◆ [Measadh air astar](#)
- ◆ [Leabhran an SCQF](#)
- ◆ [Eòlas air an Ìre SCQF agad — Frèam Creideis is Theisteanasan na h-Alba](#)
- ◆ [Frèam-obrach Sgilean SQA: Sgilean Ionnsachaidh, Sgilean Beatha agus Sgilean Obrach](#)

# Eàrr-ràdh 1: notaichean taice a' chùrsa

## Ro-ràdh

Chan e sgrìobhainn riatanach a th' anns na notaichean taice seo. Gheibhear comhairle is stiùireadh annta do luchd-teagaisg is òraidichean a thaobh a bhith a' teagasg a' chùrsa. Bu chòir dhuibh sònrachadh a' chùrsa seo agus eisimpleirean de phàipearan cheistean agus obair-chùrsa a leughadh a thuilleadh air na notaichean taice seo.

## A' togail sgilean, eòlas agus tuigse

San earrainn seo gheibhear tuilleadh comhairle is stiùiridh air sgilean, eòlas is tuigse a dh'fhaodadh a bhith mar phàirt dhen chùrsa. Bu chòir do thidsearan agus òraidichean coimhead air an t-sònrachadh seo airson fios fhaighinn air sgilean, eòlas is tuigse airson measaidhean a' chùrsa. Tha sùbailteachd nach beag ann do luchd-dealbhachaidh a' chùrsa nuair a tha iad a' roghnachadh cho-theacsaichean freagarrach a bheir brosnachadh do luchd-ionnsachaidh agus a chuireas gu dùbhlán iad, tro ionnsachadh sa bheil farsaingeachd is doimhneachd.

Seo sealladh farsaing air na sgilean, eòlas is tuigse airson a' chuspair a thèid a mheasadh sa chùrsa:

- ◆ eòlas is tuigse air a' bhuaidh a th' aig creideamh agus air cho buntainneach is cho cudromach 's a tha e tro bhith a' dèanamh sgrùdadh air cuid de na creideasan is cleachdaidhean a gheibhear an lùib fear de na sia prìomh chreideamhan a gheibhear san t-saoghal (Budachd, Crìosdaidheachd, Hindeachd, Islam, Iùdhachd no Siogachd) agus air a' bhuaidh a th' aca air beatha luchd-leanmhainn a' chreideimh
- ◆ eòlas is tuigse air cùisean moralta agus air mar a dhèiligear riutha
- ◆ eòlas is tuigse air cùisean creideimh is feallsanachdail agus air mar a dhèiligear riutha
- ◆ a' dèanamh mion-sgrùdadh is measadh air cùisean creideimh, moralta agus feallsanachdail agus air mar a dhèiligear riutha
- ◆ a' cur bheachdan an cèill mu chùisean creideimh, moralta agus feallsanachdail agus mu mar a dhèiligear riutha
- ◆ a' rannsachadh stòran gus mion-sgrùdadh is measadh a thoirt seachad air cuid a sheallaidhean air cùis chreideimh, mhoralta no fheallsanachdail

Faicibh Eàrr-ràdh 3 airson tuilleadh fiosrachaidh.

## Dòighean ionnsachaidh is teagaisg

Chan eilear a' moladh aon òrdugh sònraichte gus earrainnean a' chùrsa seo a theagasg. Bidh diofar roghainnean a thaobh òrdugh a' freagairt air diofar cho-theacsaichean. Tha e an urra ri ionadan fhèin co-dhùnadh a dhèanamh a thaobh seo. Am measg nan dòighean as cumanta a chleachdar a thaobh an òrduigh san tèid na diofar nithean a theagasg, tha:

- ◆ a' teagasg nan earrainnean san òrdugh sa bheil iad a' nochdadh

- ◆ a' teagasg nan cuspairean Moraltachd is Creideasan, agus Ceistean Creideimh is Feallsanachdail an toiseach; a' teagasg a' chuspair Creideamh Cruinneil aig an deireadh seach gu bheil barrachd cainnte teicnigich ann
- ◆ a' teagasg dà raon-sgrùdaidh latha mu seach, agus nithear an earrainn mu dheireadh eadar am Faoilleach is am Màrt
- ◆ a' teagasg gach earrainn aig an aon àm gus an urrainnear measaidhean a dhèanamh a tha a' gabhail a-steach a h-uile cuspair
- ◆ a' teagasg a' chuspair Moraltachd is Creideasan an toiseach gus ullachadh airson na h-obrach sònraichte san Fhaoilleach/sa Ghearran

## Ag ullachadh airson measaidhean a' chùrsa

Bidh oileanaich a' tarraing air, a' leudachadh air agus a' cleachdadh sgilean, eòlas is tuigse a fhuair iad sa chùrsa. 'S ionann mar a nithear measadh air sgilean agus mar a nithear measadh air eòlas is tuigse.

### Obair shònraichte

Bidh cothrom aig oileanaich gus cur ris na sgilean leughaidh is sgrìobhaidh aca fhad 's a bhios iad a' rannsachadh cuspair na h-obrach sònraichte aca agus fhad 's a bhios iad a' sgrìobhadh sios toraidhean na h-obrach aca ann an suidheachadh far am bi iad fo stiùireadh. Faodaidh an obair shònraichte a bhith stèidhichte air:

- ◆ susbaint air an deach coimhead sa chùrsa
- ◆ faodar leudachadh air gnìomh no obair clas gus obair shònraichte a dhèanamh mu d(h)eidhinn
- ◆ cùis chreideimh, mhoralta no fheallsanachdail a roghnaicheas an t-oileanach

Nuair a tha oileanaich a' tòiseachadh air an obair shònraichte aca faodar taic a thoirt dhaibh aig an toiseach le bhith ag innse dhaibh mu stòran agus cuideachadh is stiùireadh freagarrach a gheibh iad a thaobh na leanas:

- ◆ an cuspair
- ◆ cùisean co-cheangailte ris a' chuspair
- ◆ cho freagarrach 's a tha an cuspair
- ◆ nuair a tha duilgheadasan aca
- ◆ structar na h-obrach sònraichte

Bidh oileanaich a' dèanamh math leis an obair shònraichte nuair a nì iad na leanas:

- ◆ a' freagairt cheistean fosgailte
- ◆ a' roghnachadh chùisean aithnichte bho thaobh a-staigh a' chùrsa
- ◆ tha structar soilleir aca san obair shònraichte aca
- ◆ a' cleachdadh barrachd air dà stòr
- ◆ a' seachnadh chùisean no cuspairean nach eil uabhasach aithnichte

# A' togail sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha agus sgilean obrach

Bu chòir do luchd-dealbhachaidh a' chùrsa cothroman a chomharrachadh air feadh a' chùrsa far an urrainn do luchd-ionnsachaidh sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha agus sgilean obrach a thogail is a leasachadh.

Bu chòir do luchd-ionnsachaidh a bhith mothachail air na sgilean a tha iad a' togail agus faodaidh tidsearan is òraidichean comhairle a thoirt dhaibh air cothroman gus na sgilean a chleachdadh is a leasachadh.

Cha bhi an SQA a' dèanamh measadh foirmeil air sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha agus sgilean obrach.

Cuideachd, dh'fhaodadh gum bi cothroman ann gus sgilean a bharrachd a thogail agus sin an crochadh air na dòighean sam bi ionadan a' lìbhrigeadh a' chùrsa. Tha aig tidsearan is òraidichean ri co-dhùnaidhean a dhèanamh iad fhèin a thaobh seo.

<b>Sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha agus sgilean obrach</b>	<b>Dòighean ionnsachaidh is measaidh a thathar a' moladh</b>
<p><b>1 Litearrachd</b></p> <p>1.1 Leughadh 1.2 Sgrìobhadh</p>	<p>Faodar stòran a thoirt do dh'oileanaich mu chreideasan creideimh, cùisean moralta agus cùisean feallsanachdail airson an leughadh agus airson mion-sgrùdadh is measadh a dhèanamh orra.</p> <p>Faodaidh oileanaich diofar ghnìomhan sgrìobhaidh a dhèanamh leithid a' gabhail notaichean fhad 's a tha iad ag èisteachd ri agallamh, luchd-labhairt, còmhraidhean agus taisbeanaidhean bhidio, no a' sgrìobhadh phiosan sgrìobhaidh tuairisgeulach agus reusanaichte nas fhaide.</p>
<p><b>3 Slàinte is sunnd</b></p> <p>3.1 Ionnsachadh pearsanta</p>	<p>Dh'fhaodadh oileanaich bruidhinn air mar a tha e cudromach gum bi creideasan is luachan soilleir aca nam beatha agus iad a' beachdachadh air an àite a th' aig creideasan is luachan ann am beatha dhaoine eile. Cuideachd, bu chòir dhuibh cothrom a thoirt dhaibh meòrachadh air na creideasan is luachan aca fhèin ann an co-theacsa far nach eilear a' toirt breith orra, agus ann an lùib diofar shuidheachaidhean agus chuspairean.</p>

Sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha agus sgilean obrach	Dòighean ionnsachaidh is measaidh a thathar a' moladh
<p><b>4 Comasan cosnaidh, iomairt is saoranachd</b></p> <p>4.6 Saoranachd</p>	<p>Dh'fhaodadh oileanaich sùil a thoirt air cùisean a tha a' toirt buaidh air luchd-leanmhainn a' chreideimh chruinneil air a bheil iad a' dèanamh sgrùdadh.</p> <p>Dh'fhaodadh iad sin a dhèanamh ann an co-theacsa ionadail, le bhith a' tadhal air daoine no le bhith a' toirt fiathachadh do dhaoine gus tadhal air an sgoil, agus an uair sin dh'fhaodadh iad coimhead air cùisean ann an co-theacsa nas cruinneil le bhith a' dèanamh sgrùdadh, mar eisimpleir, air a' bhuaidh a th' aig Islam air daoine a tha a' fuireach ann an dùthaich Islamach.</p> <p>Dh'fhaodadh oileanaich pròiseact a dhèanamh air a' chùis mhoralta air a bheil iad a' dèanamh sgrùdadh gus an tog iad tuigse air na creideasan is traidiseanan a tha mar bhun-stèidh do sheallaidhean is beachdan dhaoine air cùisean moralta.</p> <p>Mar an ceudna, a thaobh chùisean feallsanachdail, dh'fhaodadh e a bhith air leth feumail do dh'oileanaich nan deigheadh iad gu co-labhairt air a cumail le sgoil, ùghdarras ionadail no buidheann choimeirsealta far am faigheadh iad tuigse air diofar dhòighean gus dèiligeadh ri ceistean bho dhiofar sheallaidhean creideimh agus neo-chreideimh.</p> <p>Dh'fhaodadh iad an aon seòrsa gnìomh obrach a dhèanamh le bhith a' coimhead air diofar bhidiothan feumail, leithid feadhainn bho YouTube.</p>

Sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha agus sgilean obrach	Dòighean ionnsachaidh is measaidh a thathar a' moladh
<p><b>5 Sgilean smaoineachaidh</b></p> <p>5.3 Comas cleachdaidh</p> <p>5.4 Mion-sgrùdadh is measadh</p>	<p>'S e am prìomh mhodh-teagaisg airson sgilean smaoineachaidh, a bhith a' cleachdadh eisimpleirean de chuspairean-sgrùdaidh. Faodar an cleachdadh ann an diofar dhòighean anns gach earrainn dhen chùrsa. Dh'fhaodadh oileanaich beachdachadh air mar a chuireadh iad na creideasan is cleachdaidhean aig creideamh an sàs nam beatha fhèin agus ionnsachadh an uair sin mu na dùbhlain a tha ro dhaoine cràbhach san latha an-diugh.</p> <p>Dh'fhaodadh sibh eisimpleirean bho bhidiothan no làraich-lìn naidheachdan a chleachdadh mar phàirt de chòmhradhean air cùisean moralta far am biodh oileanaich a' comharrachadh cheanglaichean agus shuidheachaidhean far a bheil co-àicheadh ann. Dh'fhaodadh sibh measadh a dhèanamh air eòlas saidheansail, a thuilleadh air ro-bheachdan feallsanachdail is creideimh, nuair a tha sibh a' bruidhinn air cùisean feallsanachdail, agus sibh a' dèanamh measadh air diofar sheallaidhean feuch dè cho dearbhte agus cunbhalach 's tha iad.</p>

Nuair a thèid an cùrsa seo a theagasg agus a mheasadh, bidh oileanaich a' comharrachadh, a' cuimhneachadh air agus a' toirt seachad fiosrachadh fìrinneach. Bidh cothroman aig oileanaich gus cur ris na sgilean conaltraidh aca. Tha sgilean conaltraidh gu h-àraidh cudromach do dh'oileanaich, oir 's iad na sgilean a chuidicheas iad le bhith a' faighinn cothrom air, a' faighinn tuigse air agus a' dol an sàs anns na tha iad ag ionnsachadh agus le bhith a' cur nam beachdan-smuain is nam beachdan aca an cèill.

# Eàrr-ràdh 2: a' teagasg nan sgilean

## Eòlas is tuigse

'S e an ìre de dh'eòlas ris a bheil dùil aig Nàiseanta 5, 'neo-thoinnte'. Cleachdar am facal sin ann am frèam an SCQF agus tha 'simplidh' aig ìre Nàiseanta 3 agus 'bunasach' aig Nàiseanta 4.

Bu chòir an t-eòlas is an tuigse aig Nàiseanta 5 a bhith nas adhartaike na eòlas coitcheann simplidh. Bu chòir barrachd na dìreach eòlas coitcheann, air a bheil fios aig tòrr dhaoine, a bhith mar phàirt dhiubh.

Aig ìre Nàiseanta 5, tha dùil ann gum bi barrachd an lùib eòlais is tuigse na bhith dìreach a' toirt seachad fiosrachadh firinneach. Bidh aithris air fiosrachadh firinneach ann le mìneachadh cuideachd. Mar eisimpleir, mar fhiosrachadh firinneach, faodar na leanas a ràdh, 'Tha Crìosdaidhean a' creidsinn gu bheil Ìosa cudromach air sgàth 's do bhàsaich e airson ar peacaidhean'. Ach aig ìre Nàiseanta 5, tha barrachd mìneachaidh a dhìth, 'Tha Crìosdaidhean a' creidsinn gu bheil Ìosa cudromach air sgàth 's gur e Mac Dhè agus tro a bhàs agus an aiseirigh, tha iad a' creidsinn gum faigh sinn maitheanas bho Dhia airson ar peacaidhean'.

## Mion-sgrùdadh

'S e an ìre de mhion-sgrùdadh ris a bheil dùil aig Nàiseanta 5, 'neo-thoinnte'. Mar as trice bidh na leanas mar phàirt de mhion-sgrùdadh:

- ◆ a' dèanamh ceangal eadar nithean
- ◆ a' dèanamh mìneachadh air na tha air cùl na cùise
- ◆ a' dèanamh ro-innse a thaobh na buile/nam builean a dh'fhaodadh a bhith ann
- ◆ a' comharrachadh dè a' chiall a dh'fhaodar a thogail às no co-dhùnadh a dh'fhaodar a dhèanamh
- ◆ a' dèanamh eadar-mhìneachadh air stòran is seallaidhean

Aig ìre Nàiseanta 5, bu chòir mion-sgrùdadh a bhith nas adhartaike na bhith dìreach a' toirt beachd sìmplidh seachad. Bu chòir fiosrachadh a bhith mar phàirt dheth a dh'fheumas a' mhòr-chuid de dh'oileanaich ionnsachadh, an àite fiosrachadh air leithid ceangal, buil, eadar-mhìneachadh a tha aithnichte gu fad is farsaing mu thràth. Aig Nàiseanta 5, thathar an dùil gun seall oileanaich tron mhion-sgrùdadh aca gu bheil tuigse mhath aca air, mar eisimpleir, ciamar agus carson a bhios builean no buaidh shònraichte aig cuid a nithean. Le mion-sgrùdadh sìmplidh, dh'fhaodadh na leanas a bhith ann: 'chan eil cuid a dhaoine cràbhach ag aontachadh ri peanas-bàis air sgàth 's gu bheil e a' ciallachadh gun tèid neach a chur gu bàs'. Ge-tà, aig ìre Nàiseanta 5, tha barrachd mìneachaidh a dhìth, me, 'tha cuid a dhaoine cràbhach ann nach eil ag aontachadh ri peanas-bàis air sgàth 's gu bheil e a' dol an aghaidh na h-àithne sa chreideamh aca nach bu chòir dhut neach eil a mharbhadh, oir 's e gibht bho Dhia a th' ann am beatha agus 's e Dia a-mhàin a nì co-dhùnadh a thaobh cò gheibh bàs'.

## A' dèanamh measadh

Bidh measadh ann nuair a bhruidhneas oileanaich air neart no brìgh diofar sheallaidhean is bheachdan air cùis. Bidh oileanaich a' dearbhadh gu bheil sgilean measaidh (no luachaidh) aca nuair a bhruidhneas iad air neart no brìgh diofar sheallaidhean is bheachdan a th' aig daoine air cùis. An lùib seo, nì oileanaich na leanas:

- ◆ a' dèanamh breithneachadh air cùis agus iad a' toirt bheachdan no fianais seachad mar thaic dhan bhreithneachadh aca
- ◆ a' dèanamh breithneachadh air mar a bhios daoine a' dèiligeadh ri cùis agus iad a' toirt bheachdan no fianais seachad mar thaic dhan bhreithneachadh aca
- ◆ a' dèanamh tomhas air buaidh, buil no brìgh cùise agus iad a' toirt beachd, fianais no eile seachad mar thaic dhan tomhas sin
- ◆ a' cur argamaid an cèill a tha a' cur taic ri no a' dol an aghaidh sealladh no beachd
- ◆ a' toirt iomradh, no beachd seachad, air neart no brìgh nan seallaidhean is nam beachdan a th' aig daoine air cùis

Mar eisimpleir:

Tha Lynne a' smaoinichadh gur e orainsear am meas as fheàrr, oir chan eil e ro mhillis, ach aig an aon àm chan eil e ro shearbh. Chan eil Elaine ag aontachadh rithe. Tha i ag ràdh gu bheil orainsearan uabhasach, oir tha iad ro shearbh.

**Chan e measadh a tha seo.** Seo dìreach aithris air dithis dhaoine aig a bheil diofar bheachdan air cho milis 's a tha orainsear.

Eisimpleir de mheasadh math:

Tha Lynne a' smaoinichadh gur e orainsear am meas as fheàrr, oir chan eil e ro mhillis no ro shearbh. 'S e aon de na duilgheadasan leis a' cho-dhùnadh aig Lynne gur e a beachd pearsanta fhèin a th' ann. Tha e buailteach gum bi am beachd aicese air mìlse agus am beachd aig Elaine air mìlse eadar-dhealaichte, mar sin chan urrainnear gabhail ri beachd Lynne air orainsearan mar fhiosrachadh firinneach deimhinne. Cuideachd, cha tug Lynne seachad fianais sam bith a sheallas carson nach eil measan eile cho math ri no nas fheàrr na orainsearan. Cuideachd, dh'fhaodadh nach bi maitheas meas stèidhichte air cho milis no searbh 's a tha e.

Faodar an aon seòrsa cheistean a chur sa bheachd aig Elaine air orainsearan. Chan eil aon slat-tomhais coitcheann ann airson mìlse no searbhachd. Chan urrainn dhi a ràdh gu bheil iad ro shearbh, oir chan eil i a' dèanamh coimeas eadar orainsear is dad eile. Cuideachd, tha i dìreach ag ràdh nach e am meas as fheàrr agus chan eil i a' toirt seachad meas eile mar roghainn airson a' mheas as fheàrr. Gun roghainnean eile, dh'fhaodadh daoine smaoinichadh gu bheil beachd Lynne ceart.

**'S e measadh a tha seo.** Seallaibh mar a thathar a' dèanamh breithneachadh air cho dearbhte is cho freagarrach 's a tha beachdan Lynne is Elaine a thaobh orainsearan mar am meas as fheàrr.

Ann an co-theacsa a' chùrsa seo, seo mar a bhiodh e:

Tha Lynne a' smaoinichadh nach eil Dia ann, oir chan eil fianais gu leòr ann. Tha i ag ràdh nach fhaca duine Dia riamh; tha daoine a tha a' creidsinn ann an Dia ag iarraidh a bhith a' creidsinn ann agus tha iad a' dèanamh feum de chreideamh (no earbsa) gus taic a chur ris na creideasan aca an àite fianais dhearbhte a chithear. Chan eil Elaine ag aontachadh rithe. Tha i ag ràdh gu bheil Dia ann, oir tha fianais ann ma choimheadas tu air a son. Tha i ag ràdh nach urrainnear dearbhadh gu bheil Dia ann tro dheuchainnean no le bhith a' coimhead air. An àite sin, tha i ag ràdh gum feum thu na diofar phìosan fianaise a chur còmhla agus nuair a chì thu mar a tha iad a' dol còmhla, faodaidh tu a ràdh gu bheil Dia ann.

**Chan e measadh a tha seo.** Seo beachd Lynne agus an uair sin beachd Elaine. Leis an dithis aca, tha na h-adhbharan airson nam beachdan aca air an toirt seachad, ach chan eil breithneachadh ann air neart is brìgh na fianaise a tha a' toirt taic do na beachdan aca. Mar sin, chan eil measadh no luachadh ann.

Ma tha measadh gu bhith ann, feumar na leanas a sgrìobhadh:

Tha Lynne a' smaoinichadh nach eil Dia ann, oir chan eil fianais gu leòr ann. 'S e a' chiad cheist a bhiodh agad mun adhbhar sin, 'Dè na th' ann de dh'fhianais a bhiodh a dhìth oirre gus dearbhadh gu bheil Dia ann?' A thaobh fianais 'gu leòr', ma tha i airson gum faic i Dia a' coiseachd air a beulaibh, tha briseadh-dùil gu bhith ann dhi oir chan ann mar sin a tha fianais airson Dia ag obair. Tha i ag ràdh nach fhaca duine Dia riamh. Ge-tà, le bhith a' cumail a-mach nach fhaca duine Dia riamh, tha Lynne a' gabhail ris le sin 'gur ionann faicinn is creidsinn'. Le tòrr rudan, tha sinn a' creidsinn gu bheil iad ann seach gu bheil sinn a' faicinn na buaidhe aca an àite a bhith a' faicinn nan rudan fhèin, me, chan urrainn dhuinn ataman fhaicinn ach tha fios againn gu bheil iad ann ri linn na buaidhe aca. Tha daoine a tha a' creidsinn ann an Dia ag iarraidh a bhith a' creidsinn ann agus tha iad a' dèanamh feum de chreideamh (no earbsa) gus taic a chur ris na creideasan aca an àite fianais dhearbhte a chithear. Tha fianais ann a bheir taic dhan bheachd seo. Tha sealladh sònraichte aig daoine cràbhach air an t-saoghal agus tha iad airson gum bi Dia mar phàirt dhen t-sealladh aca agus na thaic dha. Chì sibh sin le daoine a tha dhen bheachd gu bheil Dia làn de ghràdh is math, ach tha saoghal ann a tha làn de dhroch rudan. Tha iad airson gum bi Dia a' freagairt air an t-sealladh aca air an t-saoghal, agus mar sin tha iad a' toirt iomradh air saor-thoil agus tèarmainn Dhè mar mhìneachadh airson nan laigsean a tha cuid a dhaoine a' comharrachadh sna creideasan aca.

**'S e measadh a tha seo** oir thathar a' dèanamh breithneachadh air neart is brìgh na h-argamaid agus air an fhianais air a son.

Faodaidh measadh no luachadh a bhith a' gabhail a-steach:

- ◆ neartan is laigsean
- ◆ buannachdan is mì-leas

- ◆ buntainneas is neo-bhuntainneas
- ◆ buannachdan is eas-bhuannachdan
- ◆ ciallach is neo-chiallach
- ◆ cuideachail is neo-chuideachail

Dh'fhaodadh gum bi e feumail beachdachadh air mar a nithear measadh air cùisean sònraichte a tha a' buntainn ris na diofar cho-theacsaichean.

## An co-theacsa: Creideamhan cruinneil

Le measadh sa cho-theacsa seo thathar a' coimhead gu h-àraidh air trì nithean: buaidh, agus cho cudromach is buntainneach 's a tha rudan. An àite dìreach a bhith a' toirt liosta seachad de bhuannachdan is adhbharan mì-leas, faodar an cur an cèill a rèir chuspairean agus dh'fhaodadh gun dèanar measadh nas èifeachdaiche le sin.

Dh'fhaodadh oileanaich coimhead air a' bhuidh a th' aig creideasan is cleachdaidhean air daoine fa leth le bhith a' coimhead air a' bhuidh shaidhceòlaich, a' bhuidh air an dòigh-beatha aca, air mar a bhios iad a' coimhead air an t-saoghal agus air na dòighean-giùlain aca. Nuair a tha iad a' dèanamh luachadh no measadh air cho cudromach 's a tha rudeigin, dh'fhaodadh oileanaich beachdachadh air cho cudromach 's a tha creideas no cleachdadh a thaobh dhaoine fa leth, a thaobh na coimhearsnachd, agus a thaobh chreideasan is chleachdaidhean eile. Dh'fhaodadh iad an aon dòigh a chleachdadh gus luachadh no measadh a dhèanamh air buntainneas. Dh'fhaodadh gun cuidich e oileanaich gus an obair seo a dhèanamh ma chleachdas iad na cinn seo.

Faicibh an clàr gu h-ìosal.

Buidh	Cudromach	Buntainneach
Saidhceòlach	Neach fa leth	Neach fa leth
Dòigh-beatha	Coimhearsnachd	Coimhearsnachd
Sealladh air an t-saoghal	Creideasan	Cleachdaidhean
Gnìomhan	Cleachdaidhean	San latha an-diugh

## An Co-theacsa: Moraltachd is creideasan

Faodar dòigh cheunda a chleachdadh airson Moraltachd is Creideasan (faicibh an clàr gu h-ìosal). Dh'fhaodadh oileanaich beachdachadh air mar a thathar a' cur taic ri agus a' cur an aghaidh sheallaidhean is dòighean-smaoineachaidh a tha stèidhichte air cho cudromach 's tha a' bhui/na builean nuair a thathar a' dèanamh cho-dhùnidhean moralta a thaobh cho ceart no ceàrr 's a tha gnìomhan. Dh'fhaodadh iad beachdachadh air cho cudromach 's a tha dleastanasan agus còraichean daonna agus am bu chòir do dhaoine ealla a ghabhail riutha nuair a bheir iad breith air brìgh is buadh co-dhùnidh. Cuideachd, dh'fhaodadh iad beachdaidh air co-dhiù a tha no nach eil riaghailt aithnichte, dhaingeann ann airson a bhith a'

dèanamh cho-dhùnaidhean mun chùis aca, no air co-dhiù a bu chòir no nach bu chòir dhaibh co-dhùnadh a dhèanamh stèidhichte air beachdan ùghdarras creideimh no neo-chreideimh.

<b>Cinn fheumail</b>
Builean
Dleastanas
Suidheachadh
Còraichean daonna
Ùghdarras

## **An Co-theacsa: Ceistean creideimh is feallsanachdail**

Faodar dòigh cheunda a chleachdadh airson chuspairean co-cheangailte ri ceistean creideimh is feallsanachdail (faicibh an clàr gu h-ìosal). Dh'fhaodadh oileanaich beachdachadh air co-dhiù a tha no nach eil e ciallach a bhith a' sùileachadh gum bi freagairt no fuasgladh ann airson nan ceistean a tha ag èirigh an lùib a' chuspair aca. Dh'fhaodadh iad measadh a dhèanamh air bunaitean na h-argamaid (agus tha e buailteach le sin gum bithear a' coimhead air mar a thathar a' cleachdadh fianais sho-chomharraichte, reusan agus creideamh no earbsa), agus dh'fhaodadh iad beachdachadh air na duilgheadasan leis gach tè dhiubh agus air mar a tha iad a' buntainn ris a' chuspair aca. Dh'fhaodadh iad measadh a dhèanamh air cho cunbhalach 's a tha an sealladh no beachd, agus iad a' dèanamh breithneachadh air cho math 's a tha na diofar eileamaidean de dh'fhuasgladh no beachd a' freagairt air a chèile agus air an ìre chun a bheil eileamaidean a' dol an aghaidh a chèile, agus an uair sin dh'fhaodadh iad coimhead air cho èifeachdach 's a tha na dòighean a thathar a' cleachdadh gus firinn na cùise a dhearbhadh. Mu dheireadh, dh'fhaodadh iad beachdachadh air co-dhiù a tha no nach eil freagairtean no fuasglaidhean eile ann a bhiodh na bu bhuailtiche a bhith ceart no èifeachdach.

Chan fheumar a h-uile ceann a chleachdadh anns gach eisimpleir. Cha ghabh sin dèanamh uaireannan air diofar adhbharan, leithid cha bhiodh e freagarrach, bhiodh e ro dhoirbh, no bheireadh e ro fhada.

Faicibh an clàr gu h-ìosal.

<b>Cinn fheumail</b>
Gabhaidh freagairt no fuasgladh a lorg
Bunaitean
Cunbhalachd
'S urrainnear a dhearbhadh
Fuasglaidhean eile

## Cainnt sgilean

Dh'fhaodadh gum bi e feumail do dh'oileanaich a bhith a' fàs eòlach air a' chainnt a thathar a' moladh gun cleachd iad nuair a tha iad a' cleachdadh cuid a sgilean sònraichte. Uaireannan, tha e na chuideachadh a bhith ag ràdh 'suidsichean' ri seo, gus am bi fios aig oileanaich gum feum iad tòiseachadh air rudeigin a dhèanamh. Tha cuid a dh'ionadan air abairtean 'suidse' a stèidheachadh agus bidh iad a' moladh do dh'oileanaich na h-abairtean a tha iad nas buailtiche a chleachdadh a roghnachadh. Faodar tuilleadh leasachaidh a dhèanamh air na sgilean seo le bhith ag iarraidh air oileanaich na h-abairtean seo a chomharrachadh le dath no ann an dòigh eile nuair a sgrìobhas iad na freagairtean aca gus am bi e nas fhasa dhaibh fhaicinn gu bheil iad a' cleachdadh na sgil ceart.

Chithear cuid de na h-abairtean cumanta air an liosta seo. Cuimhnichibh, faodar cuid a 'suidsichean' a chleachdadh airson barrachd air aon sgil.

**Eòlas is tuigse:** 's urrainn dhaibh sealltainn gu bheil eòlas is tuigse aca air creideas, beachdan-smuain, bun-bheachdan agus cùisean tro mhìneachaidhean air fiosrachadh fìrinneach agus fiosrachadh buntainneach

Thoir iomradh air briathran na ceiste, me, tha cùis mhoralta a tha ag èirigh bho ...

Seo aon dòigh sam bi Budaich a' dèanamh dlùth-mheòrachadh ...  
Seo dòigh eile ...

Seo aon phrìomh phrionnsapal ...

'S e eisimpleir de seo ...

'S e aon sealladh creideimh air X ...

'S e sealladh no beachd saoghalta ...

Thuirt am Buda/tha am Bìoball ag ràdh (no stòr eile) ...

Tha Hindich a' creidsinn ...

Tha X a' smaoinichadh gur e cùis mhoralta a tha seo oir ...

Tha lùdhaich eile a' creidsinn ...

Tha 55% de dhaoine ...

Tha Crìosdaidhean a' creidsinn ...

Sa Bhìoball thathar a' toirt mìneachadh air X mar ...

Cuideachd, canar ... ri seo

Cuideachd, tha na leanas fìor ...

Tha seo ann cuideachd ...

'S e X aon eisimpleir de ...

Chanadh cuid ...

An lùib X tha ...

Seo aon argamaid ...

Seo argamaid eile ...

Le X tha eisimpleir agad de ...

'S e a th' ann an X nuair a bhios tu ...

'S e a' phrìomh argamaid airson seo ...

**Eòlas is tuigse:** 's urrainn dhaibh sealltainn gu bheil eòlas is tuigse aca air creideas, beachdan-smuain, bun-bheachdan agus cùisean tro mhìneachaidhean air fiosrachadh fìrinneach agus fiosrachadh buntainneach

'S e X aon de na ...

Thathar a' creidsinn ...

Tha seo air a dhearbhadh le ...

Am measg nan nithean a bheir buaidh tha ...

'S e aon nì ...

'S e aon taobh dhe seo ...

'S e am mìneachadh a tha X a' toirt seachad ...

'S e an argamaid a tha Y a' toirt seachad airson/an aghaidh X...

Tha X ag innse dhuinn ...

Tha X a' toirt mìneachadh eile seachad air ...

Tha fianais leithid ... a' cur taic ri X ...

Canar ... ri seo

Gus seo a mhìneachadh: ...

Chreideadh tòrr dhaoine ... cuideachd, oir ... Tha sin a' sealltainn ...

**Mion-sgrùdadh:** 's urrainn dhaibh sealltainn gun urrainn dhaibh creideas a cheasnachadh, ceanglaichean a dhèanamh eadar creideasan, mìneachadh a thoirt air builean, mìneachadh a thoirt air cùisean, mìneachadh a thoirt air na co-dhùnaidhean a dh'fhaodar a dhèanamh

Cleachd briathran na ceiste!

'S e aon dòigh sa bheil ceangal eadar an cleachdadh/sealladh X agus an cleachdadh/sealladh Y ...

Tha cuid a dhaoine a' smaoinichadh ...

Tha daoine eile a' smaoinichadh ...

'S e aon dòigh sa bheil an cleachdadh/sealladh X coltach ris a' chleachdadh/an t-sealladh Y ...

Dh'fhaodadh ... a bhith ann mar bhuil air seo. Seo buil eile a dh'fhaodadh a bhith ann ...

Seo aon chiall a dh'fhaodadh tu a thogail às an stòr seo ...

Mar thoradh air seo ...

Dh'fhaodadh seo na leanas adhbhrachadh ...

Tha seo co-cheangailte ri ... oir ...

'S e aon cho-dhùnadh a dh'fhaodar a dhèanamh ri linn seo ...

Tha iad a' smaoinichadh seo air sgàth 's ...

Tha seo ann air sgàth 's ...

Mar thoradh air seo ...

Tha sin a' ciallachadh ...

Faodar a' chiall seo a thogail às an earrainn ...

Dh'fhaodadh gu bheil an earrainn seo cuideachd a' ciallachadh ...

Tha sin a' ciallachadh ...

Tha seo a' toirt buaidh air beachdan Muslamach ...

Chòimheadadh an dithis aca air ...

Tha an dithis aca ag aontachadh ...

Dh'fhaodadh e ... adhbhrachadh

A-rithist, tha seo a' sealltainn ...

Bidh X gu tric a' cleachdadh Y mar fhianais gus dearbhadh ...

Mar thoradh air sin ...

Chitheadh/Chan fhaiceadh iad / Dh'aontaicheadh/Chan aontaicheadh iad ...

<b>Mion-sgrùdadh:</b> 's urrainn dhaibh sealltainn gun urrainn dhaibh creideas a cheasnachadh, ceanglaichean a dhèanamh eadar creideasan, mìneachadh a thoirt air builean, mìneachadh a thoirt air cùisean, mìneachadh a thoirt air na co-dhùnaidhean a dh'fhaodar a dhèanamh
Tha sin a' toirt air daoine a bhith a' cur na ceiste, an gabh adhbharan dearbhte a thoirt seachad oir ...
Dh'fhaodadh e X a cheadachadh oir ... tha e ag ràdh Y ... a tha a' ciallachadh ...
'S e a th' ann an X dòigh gus ... a ràdh
Ge-tà, ma nithear X dh'fhaodadh ... tachairt oir
An dèidh sin, tha builean ann ... oir
Ge-tà, ma nithear sin ... an uair sin ... a tha a' ciallachadh ...
Tha e follaiseach gun tachradh X oir ...
Le bhith a' cleachdadh ... tha sin a' ciallachadh ...
Faodar coimhead air seo cuideachd mar ... oir ...
Leis an t-sealladh no dòigh-smaoineachaidh seo thathar a' brosnachadh ... oir ...
Tha ... a' cur taic ris a' bheachd-smuain seo
Mar sin ...
Seo eisimpleir de X oir ...
'S e prìomh bhun-bheachd a th' ann an X oir ...
Bidh luchd-leanmhainn X a' dèanamh Y agus mar thoradh air sin bidh iad Z oir ...
Gus a' phuing sin a dhearbhadh, thuirt X ... Tha sin a' sealltainn ...
Tha eisimpleir X ag ionnsachadh do dhaoine ... oir ...
Sin carson/an t-adhbhar airson ...
Tha ... a' sealltainn carson a tha seo cudromach
Tha seo a' sealltainn ...
Tha seo ga dhèanamh follaiseach ...
Tha seo gan cuideachadh gus ...
Tha X eadar-dhealaichte bho Y air sgàth 's ...
'S e a th' ann an X nuair a nì cuideigin Y ... Faodaidh seo a bhith cho sìmplidh ri bhith a' dèanamh Z ...
Tha e cudromach cuimhneachadh/a dhèanamh soilleir ... oir ...
Tha e doirbh do X gabhail ri seo oir ...
Tha coltas ann gu bheil X fìor oir ...

<b>Mion-sgrùdadh:</b> 's urrainn dhaibh sealltainn gun urrainn dhaibh creideas a cheasnachadh, ceanglaichean a dhèanamh eadar creideasan, mìneachadh a thoirt air builean, mìneachadh a thoirt air cùisean, mìneachadh a thoirt air na co-dhùnaidhean a dh'fhaodar a dhèanamh
Tha an sealladh aig X stèidhichte gu ìre mhòr air a' bheachd-smuain ...
Tha seo a' buntainn ri ...
Seo dòigh eile sa bheil ceangal eadar X is Y ...
Air cùl an t-seallaidh seo tha an creideas ...
A thuilleadh air seo, chithear cuideachd ...
Tha X a' moladh Y air sgàth 's ...
Tha e buailteach/chan eil e buailteach gu bheil X ceart oir ...
Seo beachd-smuain a tha a' dol an aghaidh an t-seallaidh sin ...
Math dh'fhaodte le seo gu bheil ...
Tha cùis eile ag èirigh ri linn X oir ...
Ge-tà, tha cùisean/ceistean co-cheangailte ris an t-sealladh X a tha a' sealltainn math dh'fhaodte ...
Tha duilgheadas aig X leis an t-sealladh seo oir ...
Ge-tà, thilleadh daoine cràbhach le freagairt agus iad ag ràdh ...
Mar sin, ma tha X a' creidsinn Y, feumaidh gu bheil sin a' ciallachadh Z oir ...
Tha X a' togail cheistean doirbh do Y oir ...
Seo tuilleadh fianaise gu bheil ...
Tha X air suidheachadh adhbhrachadh far am faod ... / air cùisean a dhèanamh nas duilghe a thaobh ...
Faodar a ràdh gu bheil X is Y a' toirt buaidh air ... oir ...
'S e a tha a' dèanamh X tarraingeach ... oir ...
Air feadh na h-argamaid ...
Leis an reusanachadh seo, faodar a ràdh ...
Tha X stèidhichte air a' bheachd-smuain Y gu bheil ...

<b>A' dhèanamh measadh:</b> gun urrainn dhaibh breithneachadh no measadh a dhèanamh air: neartan, laigsean, buannachdan, mì-leas, buannachdan is eas-bhuannachdan, buaidh, cudromachd, firinneachd, aonta, eas-aonta
Cleachd briathran na ceiste!
'S e neart a th' aig a' chreideas/cleachdadh/sealladh/argamaid seo ...
'S e aon de na laigsean a th' aig a' chreideas/cleachdadh/sealladh/argamaid seo ...
Seo neart/laigse eile ...
Tha mi a' smaoinneachadh gur e aon de na buannachdan a gheibhear le seo ... oir ...
Tha mi a' smaoinneachadh gur e aon de na h-eas-bhuannachdan a gheibhear le seo ... oir ...
Seo dòigh sam faod seo deagh bhuaidh a thoirt air Budaich ...
Tha mi a' smaoinneachadh gu bheil buannachdan is eas-bhuannachdan ann le ...
Tha mi ag aontachadh gu ìre, oir ...
Faodar an co-dhùnadh seo a dhèanamh a thaobh X ... Dh'fhaodadh seo a bhith na laigse oir ...
Tha seo glè chudromach/na phrìomh chùis oir ...
Bhiodh Crìosdaidhean a' dol an aghaidh a' bheachd sin gu làidir oir ...
Tha seo cudromach oir ...
Cha ghabhadh Muslamaich gu tur ri ...
Tha an creideas X glè chudromach oir ...
Seo aon dòigh sam faodadh seo droch bhuaidh a thoirt air Budaich ...
Tha X glè chudromach do Y oir ...
Tha X cudromach, ach tha Y nas cudromaiche oir ...
Mar cho-dhùnadh farsaing, chanainn ...
Tha sin a' ciallachadh ... agus faodar an co-dhùnadh seo a dhèanamh ri linn ...
Dh'fhaodadh le seo gum biodh iad ...
Dh'fhaodadh seo a bhith a' ciallachadh ...
Dh'fhaodadh iadsan argamaid a chur air adhart ...
Mar thoradh air seo ...
Tha seo a' dol an aghaidh X oir ...
Tha mi ag aontachadh gu mòr oir ...
Am measg nam prìomh bhuannachdan a dh'fhaodadh a bhith ann tha ...
Dh'aontaichinn gu ìre ...

<b>A' dèanamh measadh:</b> gun urrainn dhaibh breithneachadh no measadh a dhèanamh air: neartan, laigsean, buannachdan, mì-leas, buannachdan is eas-bhuannachdan, buaidh, cudromachd, firinneachd, aonta, eas-aonta
Mar sin, tha seo ga dhèanamh soilleir ... oir ...
Cuideachd cha chuireadh iad taic ri ... ach nuair ...
An àite a bhith a' dèanamh X, ... bu chòir do dhaoine cràbhach ... oir ...
Ge-tà, ann an cuid a shuidheachaidhean tha X ceart gu leòr oir ...
Ma ... an uair sin ... oir ...
Seo an sealladh/dòigh-smaoineachaidh as cumanta oir ...
Le bhith a' cumail ris an t-sealladh seo, faodar tighinn gu co-dhùnadh ... oir ...
'S e aon de na prìomh adhbharan airson a bhith a' cur an aghaidh seo ...
Tha draghan/adhbharan càinidh eile ann ...
'S e a' chùis/a' cheist as motha a thaobh seo ... oir ...
Tha seo èifeachdach/buntainneach oir ...
Tha seo a' sealltainn gu X iomchaidh/neo-iomchaidh ann an cuid a shuidheachaidhean oir...
Tha seo reusanta do chuid a dhaoine oir ...
'S e beachd a bhiodh aig X gu bheil X nas èifeachdaiche na Y oir ...
Ge-tà, le bhith a' dèanamh X, dh'fhaodadh barrachd cunnairt a bhith ann do Y oir ...
Tha e ceàrr gu moralta oir ...
Bho shealladh creideimh cha ghabhar ri seo a-chaoidh oir ...
Tha cuid ag ràdh gur e sealladh freagarrach a tha seo oir ...
Ri linn seo, faodar a ràdh ...
Chan eil e cothromach gu bheil X ... oir ...
Tha X cudromach oir ...
Tha buaidh nach beag aig X oir ...
Tha seo ga dhèanamh follaiseach gu bheil e cudromach oir ...
Tha X glè chudromach oir ...
Tha X a' toirt buaidh mhòr air cùisean oir ...
Tha beagan brìgh san argamaid seo, oir ...
Faodaidh e a bhith iomchaidh dragh/ceist/adhbhar càinidh mar seo a thogail air sàillibh ...
Le bhith a' gabhail ealla ri seo, dh'fhaodadh gum bi e reusanta a bhith ag ràdh ... oir ...
Dìreach seach gu bheil X fìor, chan eil sin a' ciallachadh gu bheil Y fìor oir ...
A dh'aindeoin seo ...

## A' cruthachadh cheistean

'S e sgil theagaisg glè chudromach a th' anns a' chomas gus ceistean a chruthachadh. Bu chòir do cheistean cothrom a thoirt do dh'oileanaich gus soirbheachadh agus bu chòir dhaibh a bhith:

- ◆ aig ìre fhreagarrach a thaobh cànan
- ◆ soilleir
- ◆ aithghearr
- ◆ fosgailte

Na bi:

- ◆ a' gabhail ris gur e ceist mhath a th' innte ma tha coltas oirre gur e
- ◆ a' gabhail ris gun tuig oileanaich abairtean is faclan cumanta
- ◆ a' stèidheachadh taghadh cumhang de fhreagairtean freagarrach

Nuair a tha tidsearan is òraidichean ag ullachadh cheistean, bu chòir dhaibh beachdachadh air na leanas:

- ◆ Dè dha-rìribh a tha mi a' sireadh ann am freagairt?
- ◆ Ciamar a nì a' cheist seo cinnteach gun cleachd a' mhòr-chuid de dh'oileanaich am fiosrachadh ceart?
- ◆ Dè seòrsa cèille eile a dh'fhaodar a thogail bho gach facal sa cheist?
- ◆ A bheil am brosnachadh a' dèanamh feum sam bith do dh'oileanaich? (Mura h-eil, thoiribh às e.)
- ◆ A bheil dòigh nas sìmplidh ann gus an aon fhiosrachadh iarraidh?
- ◆ Bho na briathran, a bheil e soilleir dè na sgilean a tha gam measadh?
- ◆ Aon uair 's gu bheil an stiùireadh comharrachaidh air a sgrìobhadh, ciamar a bhios fios aig oileanaich bho na ceistean gu bheil dùil ann gun toir iad fiosrachadh sònraichte seachad sna freagairtean aca?

Am measg nan dòighean eile gus dèanamh cinnteach gu bheil ceistean freagarrach tha:

- ◆ Aon uair 's gu bheil ceist air a sgrìobhadh, tha an sgrìobhadair a' toirt mionaid dhaibh fhèin gus na prìomh phuingean a bheireadh iad seachad san fhreagairt a ràdh no a sgrìobhadh sìos. Mura h-urrainn dhan sgrìobhadair sin a dhèanamh, bu chòir dhaibh faighneachd an dèanadh oileanaich an gnothach air sin ann an deuchainn.
- ◆ Tha an sgrìobhadair no neach-obrach eile a' sgrìobhadh freagairt airson gach ceist.

San stiùireadh a leanas gheibhear fiosrachadh farsaing air cò ris a bhios freagairtean àbhaisteach bho oileanaich coltach. 'S e eisimpleirean a th' anns na seòrsaichean ceiste agus cha bu chòir dhuibh coimhead orra mar stiùireadh riatanach air cruth nan ceistean. Gheibhear tuilleadh comhairle is stiùiridh sa phàipear eisimpleir agus san stiùireadh chomharrachaidh air a shon agus san stiùireadh airson obair-chùrsa agus comharrachadh.

Ìre	Freagairtean a dh'fhaodadh oileanach a thoirt seachad	An seòrsa cheistean a dh'fhaodadh a bhith ann
<b>Àrd-ìre</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>◆ freagairt nas fhaide le barrachd doimhneachd</li> <li>◆ tha mìneachadh is mion-sgrùdadh a dhith</li> <li>◆ beachdan-smuain iomadh-fhillte air an cur an cèill gu soilleir agus gu rianail</li> <li>◆ a' cleachdadh cuid mhath de dh'fhianais</li> <li>◆ comasach air beachdachadh air diofar thaobhan de chùis no diofar sheallaidhean air cùis</li> <li>◆ comasach air breithneachadh a dhèanamh</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>◆ beachdaich air ...</li> <li>◆ dè an ìre ...</li> <li>◆ dè cho iomlan 's a tha ...</li> <li>◆ dèan measadh air ...</li> <li>◆ dèan sgrùdadh breitheach air ...</li> <li>◆ thoir beachd air ...</li> </ul>
<b>Nàiseanta 5</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>◆ freagairt mhionaideach</li> <li>◆ tha cunntas is mìneachadh a dhith le beagan mion-sgrùdadh</li> <li>◆ beachdan-smuain air an cur an cèill gu soilleir</li> <li>◆ a' cleachdadh fianais gu tuigseach</li> <li>◆ a' cleachdadh eisimpleirean freagarrach</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>◆ thoir cunntas mionaideach air ...</li> <li>◆ mìnich, gu mionaideach, ...</li> <li>◆ dè an ìre ...</li> <li>◆ dè cho cudromach ...</li> </ul>
<b>Nàiseanta 4</b>	<ul style="list-style-type: none"> <li>◆ freagairt nach eil cho mionaideach</li> <li>◆ cunntasan is mìneachaidhean goirid</li> <li>◆ tha ìre chuimseach de shoilleireachd is structar san fhreagairt</li> <li>◆ a' cleachdadh beagan fianaise</li> <li>◆ a' cleachdadh eisimpleirean follaiseach</li> </ul>	<ul style="list-style-type: none"> <li>◆ thoir cunntas air ...</li> <li>◆ thoir beachd air ...</li> </ul>
